


BEAGAN COMHAIRLE MU AGALLAMHAN



Ro-làimh

- Dèan cinnteach gu bheil thu air rannsachadh a dhèanamh mun chompanaidh/bhuidheann/t-àite-obrach.
- Smaoinich air dè na sgilean no an eòlas a tha agadsa a dh'fhaodadh a bhith feumail airson na h-obrach.
- Dèan cinnteach gu bheil a h-uile càil agad deiseil an oidhche rò-làimh (aodach is eile).
- Smaoinich air ceistean a dh'fhaodadh tu fhèin fhaighneachd. Tha seo a' sealltainn gu bheil thu air smaoinichadh mun chùis agus gu bheil ùidh agad.

■ Gabh air do shocair. Chan eil seo furasta idir. Dèan cinnteach gu bheil thu air gu leòr uisge òl agus dèan cinnteach gu bheil thu air rudeigin ithe 'son nach bi do mhionach a' rùchdail!

Tron agallamh

- Dèan cinnteach gu bheil thu air do dheagh sgeadachadh. Aodach glan, spaideil agus dèan cinnteach gu bheil thu air an aodach agad iarnaigeadh. Chan eil e a' coimhead càilear a bhith a' faicinn aodach làn liorcan!
- Dèan cinnteach gu bheil d' fhalt sgiobalta. Ma tha e gaothach air an là fhèin, thoir leat cir!
- Feuch gun cus sheudraidh a bhith ort agus seachain cus mhaise-gnùis.
- Breith air làimh air an neach a tha os cionn na h-agallamh.

- Na suidh sìos gus an tèid iarraidh ort.
- Feuch ri bhith a' cumail aire le bhith a' toirt sùil air an neach a tha a' bruidhinn riut.
- Tha e cudromach sealltainn gu bheil thu modhail (cuimhnich air 'ma 's e ur toil e' agus 'tapadh leibh' a chleachdadh!).
- Feuch a bhith mionaideach le do fhreagairtean. Smaoinich mu dheidhinn an ceist a tha iad a' faighneachd.
- Feuch gun a bhith a' bruidhinn cus agus feuch gun a bhith ag ràdh 'umm' agus 'err'.
- Tro na freagairtean agad, feuch ri na sgilean a tha agad a thoirt a-steach dhan chùis. Tha e a' còrdadh ri daoine faicinn gu bheil thu dealasach, deònach ionnsachadh, deònach obair chruaidh a dhèanamh agus gu bheil thu daingeann (gun a bhith fada nad cheann!).

Aig deireadh an agallamh

- Gheibh thu cothrom ceist no dhà fhaighneachd. Gabh an cothrom seo.
- Dèan cinnteach gu bheil na ceistean a tha seo iomchaidh agus freagarrach.
- Dèan cinnteach gun toir thu taing dhaibh aig an deireadh agus breith air làimh air an fheadhainn a bha air a' phannal mus fhàg thu an t-seòmar.
- Cuimhnich gu bheil mòran dhaoine a' cur a-steach airson obraichean. Fiù's mura robh thu soirbheachail, ma bha an agallamh math cumaidh iad fiosrachadh mu do dheidhinn agus dh'fhaodadh gum bi cothroman obrach eile ann dhut.